

## Bòrd MG ALBA

Oifisean a' BhBC, Glaschu  
Diciadain 23 Samhain 2016, 1400-1700

### Dreuchd geàrr-chunntas

**Bòrd:** Jo NicDhòmhnaill (sa Chathair) Donaidh MacAmhlaidh  
Daibhidh Brew Iain Stephen Moireasdan  
Catriona Nic a' Phì Calum MacFhearghais

**Luchd-obrach:** Dòmhnall Caimbeul (Àrd-Oifigear)  
Niall M. Greumach (Stiùiriche Ionmhais)  
Iseabail Nic an t-Sagairt (Stiùiriche Leasachaidh & Co-bhanntachdan)  
Chris Dòmhnallach (Stiùiriche Obrachaidh)  
Màiri Anna NicAonghais (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

**An làthair:** Mairead Màiri Mhoireach (Ceannard Seirbheis) airson puingean 9-13

### Gnothaichean gnàthach

Chaidh meal a naidheachd a chuir air Iseabail Nic an t-Sagairt 's i an làthair aig a' chiad choinneamh bùird bho chaidh a dreuchd atharrachadh gu Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachd na buidhne. Chaidh gach maith a bhuileachadh oirre san obair.

#### **1 Leisgeulan**

Magaidh Choineagan, Dùghall MacAmhlaigh, Màiri Kidd.

#### **2 Gnothach Dearbhte**

Calum MacFhearghais - chaidh daingneachadh gu bheileas air modh-obrach aontachadh leis a' BhBC gus Calum MacFhearghais a shaoradh gun phàigheadh nuair a tha feum air airson obair ballrachd MG ALBA.

Jo NicDhòmhnaill – ag obair air a’ phrògram ‘Port’ riochdaichte le Bees Nees. Tha i cuideachd a-nis na Ceannard air Comunn Gàidhlig Inbhir Nis (dreuchd gun phàigheadh).

**3 Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 14/9/16**

Aontaichte.

**4 Gnothaichean ag èirigh**

Pròiseas nam pasgan – chaidh innse gu robh a’ chuairt coimiseanaidh fhathast fosgailte le ceann-là dùnaidh de 8/12/16. Bidh co-dhùnaidhean ann ro dheireadh a’ Mhàirt agus thèid fios a chumail ris a’ bhòrd.

**5 Aithris bhon Chathraiche**

Cha robh an Cathraiche an làthair ach bha i air puingeann fhàgail aig a’ Chathraiche suidhichte airson aire nam ball.

B’ e tuilleadh maoin no goireas fhaighinn bhon BhBC airson BBC ALBA an rud as cudromaiche a tha ron bhuidheann sna trì mìosan air thoiseach. Tha e cudromach sealltainn gu bheil uireasbhaidh air an luchd-cleachdaidh anns gach gnè anns a bheileas ag iarraidh maoin.

Bha an Cathraiche airson ’s gum biodh buill agus oifigearan mothachail air cho goirid ’s a bha an ùine gus a’ bhuidheann as motha a thoirt air a’ BhBC. Dh’fheumadh cuideachd dèanamh cinnteach gu bheil taic aig an “iarratas” bho luchd-poilitigs is luchd-ùidhe agus gum broснаich MG ALBA iad gus sin a dhèanamh soilleir don BhBC. Dh’fheumadh dèanamh cinnteach gu robh goireasan iomchaidh taobh a-staigh na buidhne airson leithid de ro-innleachd a choileanadh anns an ùine ghoirid a bhiodh ann mus ruigeadh am BBC co-dhùnaidhean sa chiad ràith de 2017.

Anns a’ cho-theacsa sin, sgaoil an t-Àrd-Oifigear leth-bhreac de Phlana Seilbh BBC ALBA agus ro-innleachd conaltraidh & plana gnìomh conaltraidh a dheigheadh a choileanadh gus dèanamh cinnteach gu bheil an t-iarrtas air a’ BhBC cho làidir agus cho soilleir agus as urrainn agus gu bheil an taic bhon taobh a-muigh dha rèir.

Bha buill riarachtaichte agus ro dheònach cuideachadh leis an iomairt.

**6 Aithris bho Chathraiche Chomataidh Inbhean**

Thug Cathraiche na Comataidh aithris mun choinneamh air 19/10/16.

**7 Aithris bho Chathraiche Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh**

Thug Cathraiche na Comataidh aithris mun choinneamh air 11/11/16.

Dhearbh Cathraiche na Comataidh gu robh Plana Leantainneach Gnothaich na buidhne làidir agus èifeachdach aig ìre obrachaidh. Thèid am plana a chumail fo lèirmheas agus fo dheuchainn.

Chaidh innse gur iad Wylie & Bisset a chaidh am fastadh an dèidh pròiseas solarachaidh airson obair “Èifeachdan chosgaisean agus ghoireasan” (Cost and Resources Management) taobh a-staigh an sgrùdadh in-thaigh 2016/17. Bidh aithisg a’ dol chun Chomataidh tràth ann an 2017.

**8 Aithisg an Àrd-Oifigeir**

Bha aithisg air beulaibh bhall a’ toirt sealladh air suidheachadh na buidhne agus a cuid luchd-obrach agus a’ mìneachadh adhartas air prìomhachasan na buidhne. Chaidh an aithisg a chomharrachadh agus b’ iad na prìomh phuingeann deasbaid:

Iseabail Nic an t-Sagairt ainmeachadh mar Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachd na buidhne, a’ gabhail thairis sgioba agus buidseatan Cheann Phrògraman a bharrachd air an sgioba conaltraidh / leasachaidh.

Chaidh aithisg mhisneachaidh Creideas nar Cosnaichean a chomharrachadh.

MG ALBA ainmichte a-rithist le Broadcast mar aon de na h-àiteachan obrach as fheàrr ann an gnìomhachas craolaidh na RA.

Tha fastadh a’ dol an-dràsta airson Deasaiche Seanail agus Oifigearan Leasachaidh. Thèid coimhead às ur ri obair Oifigear Leasachaidh airson Sgìrean sa bhliadhna ùir.

Slàinte is Sàbhailteachd agus làimhseachadh chunnartan obrachaidh – chaidh innse gun deach deuchainn shoirbheachail a chumail san Lùnastal air Plana Leantainneach Gnothaich na buidhne.

Buidseat MG ALBA - cluinnear meadhan an Dùbhlachd mu bhuidseat MG ALBA airson 2017-18. Thathas a cumail a' bruidhinn ri Ministearan agus ris an t-seirbheis chatharra.

Cairt a' BhBC - thèid Cairt agus Aonta Frèam-obrach a' BhBC fhoillseachadh a dh'aithghearr. Thathas air coinneamhan a chumail le Àrd-stiùiriche a' BhBC agus le Stiùiriche nan Dùthchannan agus nan Sgìrean agus thathas ag obair air Plana Seilbh airson BBC ALBA fon Chairt ùr. Tha dùil ri co-dhùnaidhean mu ionmhas a' BhBC airson BBC ALBA agus airson na Dùthchannan sa chiad chairteal de 2017.

Ofcom - bhon Ghiblean bidh Ofcom os cionn riaghladh BBC ALBA, a bharrachd air a bhith a' cumail sùil air riaghlachas (governance) MG ALBA. Bidh coinneamh ann le "Group Content Director" ùr aig Ofcom air 1/12/16.

Conaltradh - tha mòran ri chosnadh sna 3 mìosan air thoiseach agus bidh e na phrìomhachas dèanamh cinnteach gu bheil guth MG ALBA agus guth luchd-cleachdaidh nam meadhanan Gàidhlig air an cluinntinn san àrainneachd phoblach fhad 's a tha na co-dhùnaidhean gan dèanamh.

Inbhe na Gàidhlig - tha MG ALBA agus Bòrd na Gàidhlig air a bhith a' còmhradh mu ìomhaigh agus làthaireachd na Gàidhlig an am beatha phoblach na dùthcha agus leanaidh sinn gu co-obrachadh ann an roinn conaltraidh. Nuair a bhios am Plana Nàiseanta Gàidhlig 2017 – 2022 deiseil thèid ùrachadh a dhèanamh air an Aonta Còrdaidh (Memorandum of Understanding) eadar an dà bhuidheann.

Chaidh taing a thoirt dhan Àrd-Oifigear agus an Sgioba Àrd-stiùiridh airson an obair.

## **9 Ìrean coileantachd Lèirsinn 2021**

Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh an adhartais le na 6 amasan agus toraidhean a chaidh an comharrachadh ann an Lèirsinn 2021.

Thug an Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachd agus Ceannard Seirbheis iomradh air ruigse na seanail an lùib Ghàidheil agus luchd-cleachdaidh na Gàidhlig agus gu nàiseanta. Bha na h-àireamhan air crìonadh anns na cairtealan mu dheireadh ach bha toileachas ann gun d' thàinig beagan togail air àireamhan an Dàmhair an dèidh clàr an fhoghair. Chaidh còmhradh a

chumail mu ìre tuiteam àireamhan luchd-amhairc. Dh'iarr am Bòrd barrachd soilleireachadh bho oifigearan air adhbharan an tuiteam agus na fuasglaidhean a dheigheadh an cuir an sàs. Dh'iarr am Bòrd cuideachd gum biodh buaidh àireamhan an iPlayer air àireamhan na seanail air a mìneachadh anns na h-ath aithisgean dèanadais. Bha oifigearan den beachd gun tigeadh piseach air ruigse anns a' chairteal air thoiseach ri linn buaidh prògraman ùra clàr an fhoghair agus a' gheamhraidh agus dheigheadh sin a dhearbhadh leis a' bhòrd.

Chaidh aontachadh gu robh obair ri dhèanamh taobh staigh a' BhBC ann an Alba agus aire agus an t-àite a bu chòir a bhith aig BBC ALBA taobh a-staigh teaghlach a' BhBC gu nàiseanta.

Chaidh an sgrùdadh a rinn Urras a' BhBC air BBC ALBA a chomharrachadh gu h-àraid far an do mhol iad gu robh an t-seanail a' frithealadh an dà chuid luchd-cleachdaidh na Gàidhlig agus luchd-coimhid nàiseanta.

Thug an Stiùiriche Leasachaidh iomradh air amasan adhartais mu choinneimh amasan leasachaidh, eaconomach, cànan, sgilean agus fèin-chruthachaidh anns an robhas a' faicinn adhartais.

Chaidh aontachadh gun tèid am barrachd meòrachadh a dhèanamh às leth a' Bhùird le Comataidh Inbhean aig an ath choinneimh aca, le mìneachadh bho eòlaiche rannsachaidh nam biodh sin iomchaidh. Dheigheadh beachdachadh air ceistean leithid a) ro-innleachd "scheduling" agus b) ìomhaigh agus sanasachadh na seanail agus nam prògraman. (Gnìomh: IMT)

## **10 Co-bhanntachd BBC ALBA**

Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh planadh airson co-bhanntachd BBC ALBA fo Chairt Rìoghail ùr a' BhBC. Am measg nam puingean deasbaid bha Cairt Rìoghail a' BhBC, Ofcom, Stiùiriche nan Dùthchannan agus nan Sgìrean aig a' BhBC, conaltradh & coiteachadh agus plana seilbh fon Chairt ùr agus chaidh deasbad a chumail.

Chuir buill ris na molaidhean a bh' anns a' phàipear agus thèid gluasad chun na h-ath cheum leis a' BhBC agus Ofcom.

## 11 Spòrs

Bha pàipear air beulaibh bhall a' sireadh aonta air prionnsabalan planaidh airson 2017-2020 agus chaidh deasbad a chumail. Thug am bòrd gu aire an cunnart a bh' ann a bhith a' ceannachd chòraichean às aonais cinnt mu chosgaisean riochdachadh agus cò bhiodh gan giùlain, MG ALBA no am BBC. Air tuigse gum biodh an cunnart sin air a làimhseachadh gu h-ìomchaidh, dh'aontaich am bòrd ris na leanas:

- a) **Ro-innleachd.** Gun cùm BBC ALBA ri ro-innleachd spòrs stèidhichte air ball-coise, rugbaidh agus camanachd, mar a tha e, agus gun cur MG ALBA air dòigh na còraichean a tha a dhìth.
- b) **BBC.** Gum biodh e ìomchaidh nam biodh spòrs mar phàirt den phlana seilbh a' BhBC airson BBC ALBA fon Chairt ùr, a' fuasgladh pàirt de bhuidseat MG ALBA airson a chur ri gnèithean eile.
- c) **Riochdachadh.** Gun tèid coimhead air roghainnean riochdachaidh a' BhBC an toiseach, gu h-àraidh far a bheil cothrom co-obrachaidh eadar BBC ALBA agus BBC Scotland.
- d) **Còraichean.** Gun tèid cùmhnant leis an SPFL aontachadh aig pris ££807k [GLÈIDHTE: fiosrachadh coimeirsealta] agus gun deigheadh a shoidhnigeadh nuair a bhios na cunnartan a thaobh cosgais riochdachaidh air an làimhseachadh.

Chaidh aontachadh tilleadh chun chuspair seo aig deireadh an Fhaoilich. (Gnìomh: MAMI)

## 12 Dràma

Nochd Daibhidh Brew ùidh ri linn a bhith na Bhall de dh'Alba Chruthachail.

Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh planadh airson dràma 2017-2021. Chaidh deasbad a chumail agus chaidh na leanas aontachadh:

- a) **Buidseat.** Gun deigheadh £[GLÈIDHTE: fiosrachadh coimeirsealta] a chuir gu taobh gach bliadhna airson 2017-18, 2018-19, 2019-20 agus 2020-21.
- b) **Còmhradh.** Gun deigheadh cuireadh a thoirt do Young Films plana fad-ùine ullachadh airson togail air Bannan, ann an dòigh a ghabhadh fa near taic leantainneach bhuidheann leithid Skills Development Scotland airson trèanadh agus Alba Chruthachail airson sgrìobhadh. Bhiodh e riatanach gum biodh am plana a' sealltainn cuideachd ri co-obrachadh le treas pàrtaidhean eile, maoin riochdachaidh bhon taobh a-muigh agus sgaoileadh eadar-nàiseanta.

- c) **Ùghdarras.** Gun tèid Meòmhrachan le “Cinn Aonta” (Heads of Terms) ullachadh airson aonta a rèir nan Riaghailtean Ionmhasail, a’ tilleadh chun a’ Bhùird mus tèid aontachadh ma tha cuspairean ùra no cunnartan ùra na lùib.
- d) Chaidh aithneachadh gum biodh an gealladh bho MG ALBA maireannach airson 4 bliadhna, gum bu mhiann leis a’ bhòrd leasachadh fhaicinn ann an ìre cleasachd agus sgrìobhaidh agus gum biodh e cudromach gu faigh dràma àite iomchaidh ann an clàr BBC ALBA agus air an iPlayer.

San eadar-ama, sgrìobhadh oifigearan nota a’ dearbhadh mar a dheigheadh co-dhùnaidhean an gabhail le urram do phoileasaidh solarachaidh na buidhne, còd coimiseanaidh BBC ALBA agus miann na buidhne airson an luach airgid as fheàrr a ghleidheadh.

### **13 Planadh airson 2017/18**

Bha pàipear air beulaibh a’ bhùird mu phrionnsabalan planaidh airson 2017/18 agus chaidh na leanas a chomharrachadh:

- a) Chan eil dùil ri buidseat airson 2017/18 bho Riaghaltas na h-Alba gu meadhan an Dùbhlachd.
- b) Tha Ofcom air aontachadh gur ann ro dheireadh an Fhaoilich 2017 a dh’fheumas Plana Obrachaidh 2017-18 a bhith aca.
- c) Sàbhalaichean airson 2017/18 - tha obair a’ leantainn.
- d) Spòrs – thathas a’ moladh £ [GLÈIDHTE: fiosrachadh coimeirsealta] a chuir gu taobh airson riochdachadh spòrs, mar a bha ann an 2016-17, le tuigse nach bi na cosgaisean aithnichte le cinnt gus am bi aonta ann mu cò a bhios ga mhaoineachadh agus dè a’ chosgais riochdachaidh.
- e) Dràma - thathas a’ moladh gun cur MG ALBA £ [GLÈIDHTE: fiosrachadh coimeirsealta] gu taobh gach bliadhna bho 2017-18 gu 2020-21 airson drama, mar ghealladh ro-innleachdail.

Beachdaichidh Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh air dreachd bhuidseatan aig toiseach an Fhaoilich agus am Bòrd air a’ phlana slàn aig deireadh an Fhaoilich.

### **14 Aonta airson prògraman (cùmhnantan airson aonta a’ Bùird seachad air £100k san uair)**

Cha robh gin.

**15 Aithisg bhliadhnail & Poileasaidh Slàinte & Sàbhailteachd**

Bha Aithisg bhliadhnail agus Poileasaidh Slàinte & Sàbhailteachd na buidhne air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.

Bha an Aithisg Bhliadhnail - airson 1 Giblean 2015 gu 30 Samhain 2016 (18 mìosan) - a' dearbhadh gu bheil MG ALBA a' coileanadh an dleistanais a rèir riaghailtean Achd Slàinte is Sàbhailteachd san Àite-obrach 1974 agus a' dearbhadh gu bheil an àite-obrach sàbhailte agus gu bheil a h-uile cunnart a tha ann air a lùghdachadh mar bu chòir. Bha buill riarachtaiche agus chaidh an Aithisg Bhliadhnail agus Poileasaidh Slàinte & Sàbhailteachd na buidhne aontachadh.

**16 Measadh Chunnartan**

Bha clàr nan cunnartan agus pàipear fiosrachaidh air beulaibh bhall agus chaidh còmhraidh a chumail. Chaidh aontachadh dàimhean le luchd-uidhe a chumail àrd air a' chlàr ri linn cho cudromach 's a bha iad an ceartuair. (Gnìomh: NMG)

**17 Aithisgean air dèanadas – Q2 2016/17**

Chaidh na h-aithisgean a chomharrachadh. Dh'innis an Stiùiriche Ionmhas gun cuireadh e fios mu choinneamh a' bhùird aig an ath choinneamh nam biodh atharrachadh seachad air 10% a dhith ann am buidseatan 2016/17 a rèir earrann A.4.4.5 de na riaghailtean ionmhasail. (Gnìomh: NMG)

**18 GISBE**

'App' airson pàipearan a' Bhùird – tha obair a' dol air an seo le dùil a chleachdadh airson coinneamh a' Bhùird san Fhaoilleach 2017. (Gnìomh: MAMI)

Clàr nan ùidhean – dheigheadh seo ùrachadh san Dùbhlachd (Gnìomh: MAMI)

Chaidh aontachadh cuireadh a thoirt do dh'Àrd-rannsaiche a' BhBC a bhith an làthair aig an ath choinneamh de Chomataidh Inbhean. (Gnìomh: MAMI)

Nochd am Bòrd an co-fhaireachdainn chun Chathraiche agus a teaghlach ri linn bàs san teaghlach.



**19 Clàr choinneamhan 2017**

Chaidh seo aontachadh.

**20. Deit na h-ath choinneimh: 26/1/17, Steòrnabhagh**

*Ainm sgrìobhte a' Chathraiche:*

*Deit:*